



6 Sultain 2016

Fiosrachadh mu Dheasbad Nàiseanta nan Àrd-sgoiltean 2016

- A' Chiad Dà Chuairt: 8/9 Samhain (Dimàirt/Diciadain) aig Prìomh Oifisean Chomhairle nan Eilean Siar.
- Na Cuirtean Deireannach: 29/30 Samhain (Dimàirt/Diciadain) ann an Dùn Èideann
- Gabhail Pàirt: 20 sgioba à 18 sgoiltean.

Cruth a' Chiad Dà Chuairt:

A' Chiad Chuairt: Bidh gach sgioba a' deasbad air diofar chuspairean. Cha bhi aon sgioba a' buannachadh agus thèid a h-uile sgioba air adhart gu bhith a' deasbad an ath là. Gheibh gach sgioba puingeann agus thèid na puingeann seo air adhart chun an dàrna là.

An Dàrna Cuairt *: Bidh gach sgioba a' deasbad air an aon chuspair. Cha bhi na sgiobaidhean a' tighinn a-steach don t-seòmar-deasbaid gus am bi iad fhèin a' deasbad. Thèid na ceithir sgiobaidhean as àirde aig am bi puingeann, bhon dà là, air adhart gu na cuirtean deireannach.

Uairean: **8 Samhain: Comhairle nan Eilean Siar**

1.00 feasgar agus 6.30 air an oidhche. Bidh dìnnear ann an Eleven aig Taigh-òsta An Caladh Inn mu chòig uairean.

9 Samhain: Comhairle nan Eilean Siar

10m-1f

Gabhaidh còig deasbadan àite.

2f-5f

Gabhaidh na còig deasbadaan eile àite. An uairsin, gheibh na britheamhan cothrom falbh gus beachdachadh air cò na ceithir sgiobaidhean a thèid air adhart chun na h-iar chuaritean deireannach.

An uairsin bidh dinnear ann an Eleven mu shia uairean. Às dèidh na dinneir ('s dòcha mu 7.45f), bidh cothrom ann coinneachadh aig cèilidh beag, fhathast anns a' Chaladh Inn. Ma tha sgoilearan agaibh a tha deònach pàirt a ghabhail sa chuir bidh sinn nan comain.

Riaghailtean

Gheibhear riaghailtean na deasbaid air an làrach-lìn aig www.deasbadbtalba.com

Siubhal

Bidh siubhal air a chur air dòigh le Lauren NicSuain aig 01851708662. lauren.macsween@cne-siar.gov.uk.

Dèanaibh cinnteach gun toir sibh na h-ainmean mar a tha iad a nochdadh air cairtean siubhail. Bhiodh e feumail dhuibh seo a dhèanamh cho luath is a ghabhas gus am faigh sinn faraidhean reusanta saor is gum bi sinn cinnteach gum bi suidheachain air a' phlèan. Bidh bus no tagsaidh a' feitheamh oirbh aig a' phort-adhair ann an Steòrnabhagh.

Àite-fuirich

Bidh a h-uile duine a' fuireach aig an Caladh Inn, James Street, Stornoway HS1 2QN. Tel 01851702740. Bidh leabaidh is bracaist pàighte is gheibh sibh brot is ceapairean aig meadhan an latha.

Bidh sibh ag ithe oidhche Mhàirt agus oidhche Chiadain ann an Eleven. Cha phàigh sinn cosgais sam bith a thèid air rumannan leithid fòn no deoch sam bith.

Bidh cuid a dh'fheumas oidhche chur seachad air an t-slighe. Dh'iarramaid oirbh sin a chur air dòigh sibh fhèin agus na cunntasan a chumail is an cur thugainn. Cumaibh ticeadan bus, tagsaidh is eile oir chan urrainn dhuinn sgillinn a phàigheadh às aonais fianais.

Biadh/slàinte

Leigibh fhaicinn dhuinn ma tha duilgheadas slàinte aig neach sam bith a tha tighinn còmhla ribh agus a bheil nì sònraichte a dhìth co-cheangailte ri biadh.

Sgoiltean agus Cuspairean (Cuairt 1): *Bidh a' chiad sgoil a th' air a h-ainmeachadh anns gach farpais a' bruidhinn airson na h-argamaid.*

8mh Samhain 2016, 1.00 feasgar. Prìomh Oifisean na Comhairle.

A Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich V Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis

Bhiodh beatha sgoilearan tòrr nas fheàrr às aonais meadhanan-sòisealta.

B Àrdsgoil Phortrigh B V Àrdsgoil Gheàrrloch

Tha siostam onairean na Bànrigh fo leithid de sgàil 's gu bheil còir stad a chur air.

C Àrdsgoil Àrd nam Murchan V Sgoil MhicNeacail B

Chan eil buannachd leantainneach a' tighinn às an airgead a tha rìoghachdan a' caitheamh air tachartasan mòra spòrs mar na h-Olympics.

D Acadamaidh Inbhir Pheofharain V Sgoil Sir E Scott

Bu chòir dha a bhith comasach dhan h-uile duine an t-aodach a thogras iad fhèin a bhith orra aig àm sam bith.

E Sgoil Lionacleit V Sgoil MhicNeacail A

'S e cothrom a th' ann am Brexit, chan e call.

6.30 feasgar

F Acadamaidh Dhùn Omhain V Àrdsgoil Phortrigh A

Nì càraichean a stiùireas iad fhèin na ròidean nas sàbhailte.

G Àrdsgoil Ulapuill V Àrdsgoil Sheumais Gillespie

Cha leig thu leas a bhith beartach airson a bhith sona.

H Acadamaidh Hazlehead V Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu A

Tha cus airgead poblach air a chaitheamh air na h-ealain.

I Sgoil Bhàgh a' Chaisteil V Àrdsgoil Mhalaig

Cha bu chòir cead pòsaidh a bhith aig neach sam bith gu aois ochd deug.

J Àrdsgoil an Òbain V Àrdsgoil Lochabair

'S e tha dhìth air a' Ghàidhlig ach na daoine iomraiteach sin, 'rionnagan'.

Deasbad BT Alba 2016

An Dàrna Cuairt

Comhairle nan Eilean Siar, Steòrnabhagh 9 an t-Samhain 2016

* Seo an cruth a tha gu bhith air an dàrna cuairt den Deasbad:

- Bidh a h-uile sgioba a bha a' deasbad air a' chiad là a' gabhail pàirt san dàrna cuairt. Bidh fios dè an taobh den argamaid air a bheil gach sgioba. **Cha bhi** aon sgioba a' buannachadh na deasbadaid seo a-bharrachd.
- Cha bhi e ceadaichte do sgioba sam bith a bhith anns an talla-deasbaid gus am bi iad fhèin air àrd-ùrlar
- Gheibh na ceithir sgiobaidhean as àirde aig am bi puingeann troimhe chun iar-chuairt deireannaich.

Cuspair Cuairt 2:

Tha na dh'ionnsaicheas tu air taobh a-muigh na sgoile nas fheumaile na foghlam san rùm-sgoile.

10m

- A** Acadamaidh Inbhir Pheofharain V Sgoil MhicNeacail A
- B** Àrdsgoil Àrd nam Murchan V Sgoil Lionacleit
- C** Sgoil Sir E Scott V Àrdsgoil Gheàrrloch.
- D** Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis V Sgoil MhicNeacail B
- E** Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich V Àrdsgoil Phortrigh B

2f

- F** Àrdsgoil Mhalaig V Sgoil Phortrigh A
- G** Acadamaidh Dhùn Omhain V Acadamaidh Hazlehead
- H** Àrdsgoil Sheumais Gillespie V Sgoil Bhàgh a' Chaisteil
- I** Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu V Àrdsgoil an Òbain
- J** Àrdsgoil Lochabair V Àrdsgoil Ulapuill